

AINM: _____

CLAS: _____

Ìre 4-7 Fileantaich

An Duine Dubh

le Iain Mac a' Ghobhainn



Leugh an sgeulachd agus obraich air na ceistean gu h-ìosal.

Cànan

Tha na h-abairtean/faclan gu h-ìosal uile a' nochdadadh san sgeulachd. Cleachd iad ann an seantans ùr. Chaidh eisimpleir a dhèanamh dhut.

am broinn na màileide:

Bha aodach de gach seòrsa am broinn na màileide.

- | | | |
|-----------------|-----------------------|-------------------|
| (a) bogha-frois | (b) aodann tana, geal | (c) san dorchadas |
| (d) toileachas | (e) duilleag foghair | (f) coigreach |

Ceistean

- Bho thoiseach na sgeòil, tha an sgriobhadair airson sealltainn dhuinn gu bheil an duine dubh agus a' chailleach gu math eadar-dhealaichte. Dè na dòighean a tha e a' cleachdadadh airson sin a dhèanamh?
- Dè tha annasach mu earrainn a dhà, a trì agus a ceithir? Saoil carson a tha an sgriobhadair airson an stoidhle seo a chleachdadadh?
- Mìnich cò ris a tha an rùm coltach. Inns mar a tha an stuth a th' aig a' chailllich eadar-dhealaichte bho stuth an duine dhuibh.
- A bheil an duine toilichte a bhith san dùthaich-sa? Ciamar a tha fios agad?

- (e) Carson a chanas an duine, "Chan eil làithean do dhannsaidh seachad fhathast" nuair a cheannaicheas a' chailleach silk underwear?
- (f) Carson a ghlas a' chailleach an doras a-rithist nuair a dh'fhalbh an duine?
- (g) Ciamar a tha an sgrìobhadair a' toirt dhuinn dealbh air aonranas agus laigse san dara earrainn bho dheireadh?
- (h) Dè an rud mu dheireadh a rinn a' chailleach? Carson a tha seo cudromach san sgeulachd?

A' sgrìobhadh mu litreachas

Tha sgeulachdan Mhic a' Ghobhainn ainmeil ann an Gàidhlig.

Sgrìobh lèirmheas air an stòiridh seo ag ainmeachadh na leanas:

- 1) Caractaran – mar a tha iad eu-coltach/coltach ri chèile. Smaoinich air cànan, aois, cultar, aonranas, co-fhaireachdainn
- 2) Cuspairean – aonranas, conaltradh, tuigse
- 3) Cruth na sgeòil – mar a tha an sgeul a' dol timcheall ann an clearcall – a' chailleach a' coimhead a-mach air an t-sràid a-rithist aig deireadh na sgeòil agus mar a tha an dithis charactar leotha fhèin a-rithist aig an deireadh.
- 4) Dòighean sònraichte a tha an sgrìobhadair a' cleachdad airson an rud a dhèanamh tarraigeach – dathan, ìomhaighean, faclan sònraichte, cruth na sgeòil.

Cuidichidh na ceistean a fhreagair thu gu h-àrd cuideachd ann a bhith a' cur lèirmheas ri chèile.



Bha na busaichean mòra a' dol seachad air an t-sràid. Bha ise na coigreach cuideachd.